

International Culture Strategy

Gaelic Consultation Paper

February 2023

1. Facal-tòiseachaidh

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn ro-innleachd a chruthachadh gus taic a chumail ri miannan agus comasan eadar-nàiseanta roinn cultair na h-Alba. Tron t-suirbhidh seo tha sinn airson beachdan a thogail bho gach duine aig a bheil ùidh san obair seo gus cruth na ro-innleachd fhiosrachadh.

Tha cliù làidir eadar-nàiseanta aig roinn cultair na h-Alba gun teagamh. Tha àireamh iongantach de stòrasan cultarail aig Alba a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta cho math ri aithne eadar-nàiseanta air ar iomadh neart. Ach, tha feum air co-òrdanachadh agus fòcas nas fheàrr anns a' chruth-tìre poileasaidh poblach a tha ag amas air taic a thoirt do ghnìomhachd eadar-nàiseanta na roinne.

Tha [Ro-innleachd Cultair airson Alba](#), a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2020, a' mìneachadh raon de mhiannan san raon seo. Ach, tha prìomh thachartasan a dh'adhbharaich troimhe-chèile bho chaidh fhoillseachadh, a' gabhail a-steach Brexit agus galar lèir-sgaoilte Covid-19, air buaidh a thoirt air comas proifeiseantaich chultarach a bhith ag obair gu h-eadar-nàiseanta agus air cosgaisean a bharrachd agus bacaidhean rianachd adhbharachadh.

Feuchaidh cruthachadh Ro-innleachd Cultar Eadar-nàiseanta ('an ro-innleachd') ri barrachd co-leanailteachd a thoirt dhan dòigh anns a bheil Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ri gnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta. Bidh e a' cuimseachadh air na brosnachaidhean a tha aig luchd-ùidh roinn a' chultair ann a bhith ag obair gu h-eadar-nàiseanta, agus aig an aon àm ag aithneachadh gu bheil buaidh nas fharsainge aig obair mar seo air cliù agus dàimhean eadar-nàiseanta na h-Alba.

Ach tha grunn dhùbhlain nach beag mu choinneamh na roinne aig an àm seo agus feumar beachdachadh air cruthachadh na ro-innleachd anns a' cho-theacsa seo. Feumaidh e taic a thoirt do sheasmhachd, ath-bheothachadh, agus leasachadh fad-ùine na roinne agus a bhith na dhòigh gus dèiligeadh ri dùbhlain làithreach.

1.1 Cò air a bheil seo ag amas?

Tha an suirbhidh seo ag amas air buidhnean cultarail, companaidhean gnìomhachasan cruthachail, agus luchd-cleachdaidh fa leth a tha ag obair gu h-eadar-nàiseanta mar tha no a tha airson sin a dhèanamh. Chuireamaid fàilte cuideachd air beachdan bho bhuidhnean taobh a-muigh na h-Alba a tha air a bhith ag obair le com-pàirtichean Albannach no a tha airson sin a dhèanamh.

Tha sinn a' sireadh beachdan air:

- Gnìomhachd eadar-nàiseanta làithreach ann an roinn chultarach na h-Alba, cho cudromach 's a tha e, agus na h-adhbharan air a shon.
- Feallsanachd, prionnsapalan, agus amasan na ro-innleachd.
- An taic a tha ri fhaighinn airson gnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta aig an àm seo agus cho iomchaidh 's a tha e.
- Mar a dh'fhaodadh an obair seo cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain mhòra a th' ann an-dràsta, leithid cosgaisean bith-beò, ag ath-bheothachadh

bho bhuidh a' ghalair lèir-sgaoilte Covid-19, agus a' bhuidh bho bhith a' fàgail an AE.

- Prìomhachasan agus fòcas cruinn-eòlasach.

1.2 Mar a thèid freagairtean a chleachdadh

Thèid freagairtean a chleachdadh gus cruthachadh Ro-innleachd Cultar Eadar-nàiseanta fhiosrachadh. Fiosraichidh na beachdan agus am fiosrachadh a bheirear seachad susbaint na ro-innleachd agus cuidichidh iad le bhith a' cruthachadh ghnìomhan a tha air am moladh innte. Cuidichidh iad sinn le bhith a' tuigsinn feumalachdan, rùintean agus brosnachaidhean nan diofar roinnean a thaobh gnìomhachd eadar-nàiseanta.

2. Lorg-coise cultarach eadar-nàiseanta na h-Alba

Tha stòrasan cultarail aig Alba a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta aig ìre nas motha na aig iomadh dùthaich nas motha.. Tha obair a rinn [Alba Chruthachail agus Comhairle Bhreatainn Alba](#) bho chionn ghoirid a' taisbeanadh na farsaingeachd de stòrasan cultarail a th' againn ann an Alba. Chan e dìreach na gnìomhan, cuirmean, fèisean, bun-structar, agus cleachdaichean a tha ann an Alba a tha anns na stòrasan seo, ach cuideachd na dòighean-obrach agus na modalan gnìomhachais a tha a' fàgail gu bheil Alba sònraichte. Tha seo na àite tòiseachaidh làidir airson a bhith a' cruthachadh na ro-innleachd seo.

Tha grunn thaobhan aig lorg-coise eadar-nàiseanta roinn cultair na h-Alba:

2.1 Eaconamach / gnothachas / gnìomhachas

Ann an 2019 bha [às-mhalairt](#) de £4.1 billean, 4.7% den às-mhalairt iomlan, aig Gnìomhachasan Chruthachail na h-Alba. Bha am figear seo na àrdachadh de 2.1% thar na bliadhna. Bha às-mhalairt de £2.4 billean dhan chòrr den RA ann an 2019 agus b' e seo 58.5% de dh'às-mhalairt iomlan nan Gnìomhachasan Chruthachail. Bha às-mhalairt eadar-nàiseanta dhan AE de £545 millean (13.4%) agus às-mhalairt eadar-nàiseanta gu dùthchannan taobh a-muigh an AE de £1.2 billean (28.2%).

Tha buidhnean cultarach air aithris gu bheil farsaingeachd de bhuidhean ionmhasail aig an cuid obrach eadar-nàiseanta. Is urrainn obair eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach tursan no taisbeanaidhean, teachd-a-steach a bharrachd fhaighinn bho sheilbh inntleachdail a th' ann mar-thà, dàimhean gràdh-daonna ùra a thogail le coimhearsnachdan diaspora, luchd-èisteachd a leudachadh, agus sruthan teachd-a-steach cudromach a chruthachadh.

Tha na gnìomhan seo cuideachd aig cridhe a bhith a' togail cheanglaichean le buidhnean leithid luchd-brosnachaidh agus proifeiseantaich chruthachail eile gu h-eadar-nàiseanta, a tha a' toirt barrachd taic do ghnìomhachais eadar-nàiseanta agus a' toirt seachad cothrom air sgilean airson na roinne ann an Alba.

2.2 Cultarail

Tha iomlaid chultarach eadar-nàiseanta na eileamaid ro-chudromach de na bhios an roinn a' dèanamh. Le bhith a' co-roinn gnàth-eòlas agus a' tarraing air eòlas agus sgilean dhaoine eile a' cumail taic ri ar ùr-ghnàthachadh agus sàr-mhathas cultarach. 'S e glè bheag de chruthan ealain a dh'fhaodar a ràdh a tha rim faighinn an Alba a-mhàin, agus mar sin gus leantainn air adhart le ùr-ghnàthachadh, feumaidh buidhnean agus luchd-ealain ceanglaichean cruthachail a thogail agus a chumail le an co-leithid air feadh an t-saoghail.

Tha cliù aig roinn na h-Alba airson dòighean-obrach sònraichte a tha a' fàgail gu bheil buidhnean gu sònraichte deònach a bhith ag obair le an co-leithid Albannach. Tha cliù airson firinneaseachd, dòigh-obrach dheamocratach on bhonn suas mar neartan sònraichte a chumas taic ri dàimhean eadar-nàiseanta a tha buannachdail do gach pàrtaidh. Chaidh cuideam a chur air seo san aithisg bho chionn ghoirid le Alba Chruthachail agus Comhairle Bhreatainn Alba air stòrasan chultarail na h-Alba: [To See Ourselves](#) and [As Others See Us](#).

Tha seo cuideachd air a dhearbhadh leis an eachdraidh aig buidhnean Albannach roimhe seo ann am prògram Eòrpa Chruthachail – prògram an AE a tha ag aithneachadh luach agus a' toirt taic do dh'iomlaid chultarach eadar-nàiseanta. Shoirbhich buidhnean Albannach gu ìre mhòr ann an Eòrpa Chruthachail ro Brexit agus bha iad air am faicinn mar chom-pàirtichean luachmhor ann am pròiseactan, mar a chaidh a chomharrachadh leis a' chuibhreann nas àirde na a' chuibheasachd de phròiseactan far an robh com-pàirtichean Albannach nan stiùirichean pròiseict.

2.3 Cliù

Tha cultar aig cridhe mar a tha Alba ga faicinn gu h-eadar-nàiseanta agus cho tarraingeach 's a tha i mar cheann-uidhe turasachd is gnìomhachais. Ann an 2020, bha Alba aig àireamh 16 a-mach à 50 dùthaich ann an [Anholt-Ipsos Nation Brands Index](#) a thaobh beachdan luchd-freagairt an t-suirbhidh air cultar na h-Alba. Bhiodh an rangachadh seo na b' àirde mura robh taobh a' Chultair a' gabhail a-steach beachdan air sàr-mhathas spòrs mar roinn-seòrsa. Aig àm foillseachaidh, cha deach rangachadh cultar sònraichte airson 2022 fhoillseachadh fhathast ach tha dùil rithe a dh'aithghearr. Tha cultar na tharraing làidir do dh'Alba le, mar eisimpleir, mu [thrian de luchd-turais](#) ann an 2015/16 ga chomharrachadh mar adhbhar brosnachaidh dhaibh a bhith a' tadhal air an dùthaich. B' e seo an dàrna adhbhar as motha airson a bhith a' tadhal air Alba às dèidh seallaidhean agus cruth-tìre.

Tha Ro-innleachd Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson Cruthachadh Eaconamach air na gnìomhachasan cruthachail aithneachadh mar 'cothrom margaidh ùr'. Tha e ag aithneachadh suidheachadh cruinneil nan gnìomhachasan cruthachail a tha a' dèanamh feum de stòrasan chultarail fad-sheasmhach na h-Alba agus cliù airson eòlas ann an libhrigeadh, ùr-ghnàthachadh, agus neartan a tha a' fàs ann an sgilean didseatach agus teicneòlasan. Tha cliù agus làthaireachd chultarail eadar-nàiseanta na h-Alba cuideachd cudromach ann a bhith a' dèanamh Alba na h-àite tarraingeach airson gnìomhachas a dhèanamh.

Ann an [lèirsinn airson malairt](#) tha sinn a' mìneachadh nan eadar-obrachaidhean eadar malairt agus cultar, a' gabhail a-steach na dòighean anns an urrainn do mhalairt taic a thoirt do na Builean Nàiseanta againn. Tha an Lèirsinn a' cur an cèill gu bheil togail earbsa agus dàimhean eadar-nàiseanta làidir a' toirt deagh bhuidhean eaconamach air malairt. Tha a bhith a' com-pàirteachadh gu h-eadar-nàiseanta tro thachartasan cultarail leithid fèisean eadar-nàiseanta cuideachd air a chomharrachadh mar inneal airson Riaghaltas na h-Alba gus a dhòigh-obrach a thaobh malairt eadar-nàiseanta a tha stèidhichte air prionnsapalan a chur air adhart.

2.4 Ìrean gnìomhachd agus adhbharan an-dràsta

Far a bheil gnìomhachd eadar-nàiseanta a' faighinn maoinachadh poblach no air a stiùireadh tro bhuidhnean poblach cultarach na h-Alba agus institiudan cultarail nàiseanta, tha dàta againn air na h-ìrean de ghnìomhachd, na h-adhbharan air a son agus na builean. Tha fios againn air a' bhuidhean eaconamach iomlan a th' aig às-phortaidhean cultarail na h-Alba. 'S e an rud nach eil cho soilleir sa cho-theacsa seo an dealbh nas mionaidiche den t-seòrsa obrach a thathar a' dèanamh taobh a-muigh structaran le maoinachadh poblach agus air a' bhuidhean a th' aige. Tron t-suirbhidh seo, tha sinn airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air cho cudromach 's a tha obair eadar-nàiseanta do roinn chultair na h-Alba, carson a tha i cudromach, agus dè na diofar adhbharan a th' ann airson a bhith a' dol an sàs gu h-eadar-nàiseanta.

Ceist 1: Dè a' gnìomhachd eadar-nàiseanta làithreach a tha thu a' dèanamh aig an àm seo?

Ceist 2: Dè a' bhuidhean a th' aig gnìomhachd chultarach air a' gnìomhachas/buidheann agad?

Ceist 3: Dè na h-adhbharan a th' agad airson a bhith ag obair gu h-eadar-nàiseanta?

Ceist 4: Dè na prìomh chnapan-starra a th' agad a thaobh a bhith a' leasachadh na h-obrach eadar-nàiseanta agad, ma tha gin ann.

3. Feallsanachd airson Ro-innleachd Cultar Eadar-nàiseanta

Is e an t-àite tòiseachaidh a th' againn airson a bhith a' cruthachadh na ro-innleachd seo feumalachdan agus ùidhean roinnean cultarail agus cruthachail na h-Alba ann a bhith a' leasachadh an gnìomhachd eadar-nàiseanta agus a' coileanadh am miannan san raon seo. Tha sinn a' feuchainn ri tuigse fhaighinn air cho cudromach 's a tha a' gnìomhachd seo dhan roinn air fad, gus beachdachadh air far a bheil comas leasachaidh, agus dè na cnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith na chois. Aig a' cheann thall, tha sinn airson tuigse fhaighinn air mar as urrainn do dhòigh-obrach chunbhalach, ro-innleachdail taic a chumail ri dàimhean, gnìomhachd agus rùintean eadar-nàiseanta na roinne. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh sinn gu sònraichte a' feuchainn ri builean cultarail is eaconamach a choileanadh – bheir ceanglaichean eadar-nàiseanta taic do dh'iomlaid chultarail agus do dh'ùr-ghnàthachadh agus cruthaichidh sinn margaidhean, luchd-èisteachd agus tobraichean teachd a-steach ùra.

Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gun urrainn gnìomhachd chultarail a bhith aig cridhe cliù agus aithne eadar-nàiseanta na dùthcha, agus gun urrainn dha taic a chumail ri gnìomhachd nas fharsainghe, leithid dioplòmasaidh no brosnachadh malairt. Tha sinn den bheachd gur e an dòigh as fheàrr air buadhan dioplòmasach no cliù a choileanadh tro chultar, a bhith a' dèanamh cinnteach sa chiad dol a-mach, gun urrainn do roinn a' chultair na h-àrd-amasan agus an comas eadar-nàiseanta aice fhèin a choileanadh.

Bidh buidhnean a tha ag obair san raon seo leithid Comhairle Bhreatainn a' cur dàimhean cultarach air an dòigh-obrach seo. Tha am fòcas aca air dàimhean fad-ùine de dh'iomlaid chultarail agus co-obrachadh agus gus co-thuigse a thogail. Mar a [thuirt](#) luchd-rannsachaidh aig Ionad Poileasaidh agus Fianais Gnìomhachasan Cruthachail Nesta, “gus a bhith èifeachdach, bu chòir do reasabaidh ùr airson cumhachd bog airson an 21mh linn gabhail ri dòigh-obrach dàimhean chultarail, stèidhichte air tuigse, ceangal agus co-chruthachadh seach a bhith a' brosnachadh agus a' feuchainn ri buaidh a thoirt gu follaiseach - oir bhiodh seo a' lagachadh a mhisean fhèin.”

Le bhith a' toirt taic do chultar is roinnean cruthachail na h-Alba gus fàs eadar-nàiseanta, dh'fhaodadh sin margaidhean, luchd-èisteachd, agus sruthan teachd a-steach ùra a chruthachadh agus aig an aon àm a bhith ag àrdachadh faicsinneachd bathar cultarail Albannach gu h-eadar-nàiseanta. Tha às-mhalairt cultarach ann an iomadh diofar cruth a' gabhail a-steach, mar eisimpleir: stuthan so-fhaicsinneach leithid leabhraichean; ceòl no film air am bithear a' coimhead gu didseatach; luchd-ealain agus companaidhean air chuairt; taisbeanaidhean agus iomlaid stuthan cultarail; agus tòrr mòr a bharrachd nithean agus gnìomhachdan eile. 'S e an rud a th' aig a' ghnìomhachd seo uile sa chumantas gu bheil feum air tuigse air mar a nithear gnìomhachd eadar-nàiseanta, mar a chruthaicheas tu margaidhean ùra, no mar a gheibh thu cothrom air lìonraidhean no a bhith ag ionnsachadh mu siostaman riaghlaidh ann an dùthaich eile. Tha sinn airson sgrùdadh a dhèanamh air na sgilean, an comas-libhrigidh agus an comas taobh a-staigh na roinne airson gnìomhachd às-mhalairt.

Mar sin tha an dòigh-obrach a tha sinn a' moladh ag amas air builean a thoirt gu buil a tha gu sònraichte a' toirt taic do dh'ùidhean cultarach is eaconamach aig roinn a' chultair, ach a tha ag aithneachadh gum faodar buaidhean nas fharsainghe a choileanadh tro bhith a' dèanamh sin, agus is dòcha tro bhith a' ceangal bun-builean agus fo-bhuaidhean gum faodar barrachd buaidh iomlan a choileanadh.

Ceist 5: Dè ur beachd air an fheallsanachd a chur sinn air adhart airson Ro-innleachd Cultair eadar-nàiseanta?

4. Lèirsinn agus cuspairean

Tha an dreachd lèirsinn obrach againn airson na ro-innleachd mar a leanas:

Tha roinn chultarach na h-Alba ceangailte gu h-eadar-nàiseanta agus tha dòighean aice com-pàirteachasan, margaidhean agus luchd-èisteachd eadar-nàiseanta ùra a chruthachadh. Tha gnìomhachd cultarach dhachaigheil agus eadar-nàiseanta a' cur

air adhart dearbh-aithne shònraichte na h-Alba, a' toirt taic do, agus ag àrdachadh, ar n-ìomhaigh eadar-nàiseanta.

Tha sinn air ceithir prìomh chuspairean a chomharrachadh bhios mar bhunait dhan ro-innleachd. Is iad sin na prìomh chuspairean:

- **Ceanglaichean cultarach** – tha roinn a' chultair eadar-nàiseanta gu cùl. Tha co-obrachadh agus iomlaid ro-chudromach do roinn chultarail a tha beothail agus ùr-ghnàthach. Tha roinn cultar na h-Alba ceangailte gu h-eadar-nàiseanta agus tha i aithnichte airson ùr-ghnàthachd an dà chuid a thaobh na bhios i a' dèanamh agus cuideachd mar a bhios i ga dhèanamh. Tha stòrasan chultarail làidir na h-Alba na àrd-ùrlar a bheir an saoghal gu Alba. Anns an ro-innleachd seo tha sinn airson sgrùdadh a dhèanamh air mar a bheir sinn taic dhan roinn gus a bhith ceangailte gu cruinneil agus gus na ceanglaichean cultarach eadar-nàiseanta aice a neartachadh. Dh'fhaodadh sin a bhith a' gabhail a-steach beachdachadh air na dòighean anns am faodar ceanglaichean tro bhuidhnean ioma-thaobhach, lìonraidhean is tachartasan eadar-nàiseanta, diaspora agus bun-structar cultarach eadar-nàiseanta eile a leasachadh no gum bi institiudan Albannach a' gabhail pàirt nas motha annta.
- **Buaidh eaconamach** – tha na dùbhlain a tha a' toirt buaidh air feadh na h-eaconamaidh agus a' chomainn-shòisealta san fharsaingeachd air buaidh shònraichte a thoirt air roinn a' chultair. Tron ro-innleachd seo tha sinn airson beachdachadh air mar as urrainn obair eadar-nàiseanta taic a chumail ri seasmhachd ionmhasail fad-ùine agus leasachadh roinn cultair na h-Alba tro ruigsinneachd air margaidhean ùra, cruthachadh luchd-èisteachd ùr, agus a' cur ri comas às-mhalairt. Nì sinn measadh air na bacaidhean a th' ann mar-thà agus beachdaichidh sinn air mar a ghabhas dèiligeadh riutha.

Agus a' togail air sin, 's iad sin na cuspairean dàrnach:

- **Dioplòmasaidh** - faodaidh cultar a bhith na eileamaid chudromach de "chumhachd bog" na dùthcha. Tha sinn airson beachdachadh air mar a dh'fhaodas na buaidhean nas fharsainge seo a bhith aig dòigh-obrach ro-innleachdail gus taic a chumail ri eadar-nàiseantachd roinn cultair na h-Alba. Tha sinn airson measadh a dhèanamh air na dòighean anns am faod cultar cumail air adhart a bhith aig fìor thoiseach bun-structair eadar-nàiseanta na roinne poblaich ann an Alba, a' gabhail a-steach oifisean eadar-nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, agus mar a dh'fhaodar dàimh a tha buannachdail dha chèile a bhrosnachadh. Beachdaichidh sinn cuideachd a bheil dòighean ann anns am faodadh stòrasan cultarail na h-Alba a bhith na àrd-ùrlar gus ar conaltradh dioplòmasach a leasachadh.
- **Cliù** – tha e soilleir gu bheil cultar aig cridhe mar a tha Alba ga fhaicinn gu h-eadar-nàiseanta agus cho tarraingeach 's a tha i mar dhùthaich agus mar cheann-uidhe. Mar sin, b' urrainn làthaireachd eadar-nàiseanta nas motha do bhuidhnean cultarach na h-Alba buaidh mhath a thoirt air cliù na dùthcha. Bu mhath cluinntinn cuideachd a bheil buidhnean cultarach den bheachd gu bheil ròl aca ann a bhith a' brosnachadh Alba tron obair eadar-nàiseanta aca agus, ma tha, ciamar.

Ceist 6: Dè do bheachd air an lèirsinn a tha air a mìneachadh gu h-àrd?

Ceist 7: Tha sinn air 4 cuspairean a chomharrachadh (ceanglaichean cultarail, buaidh eaconomach, dioplòmasachd agus cliù). Ciamar a tha do chuid obrach co-cheangailte ris na diofar raointean sin?

Ceist 8: A bheil taobhan den obair agad nach biodh a' tighinn fo na cuspairean sin, ach a bu chòir a bhith air an aithneachadh san ro-innleachd nad bheachd?

5. Taic làithreach do ghnìomhachd cultarach eadar-nàiseanta

Tha grunn ionnstramaidean air am maoineachadh gu dìreach agus gu neo-dhìreach le Riaghaltas na h-Alba a tha an dàrna cuid ag amas air gnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta no a gheibhear airson gnìomhachd chultarach.

Bidh Alba Chruthachail a' maoineachadh gnìomhachd eadar-nàiseanta ann an grunn dhòighean. Faodaidh na Buidhnean le Maoineachadh Cunbhalach, an fheadhainn a tha a' faighinn prìomh mhaoineachadh, an t-airgead sin a chleachdadh gus taic a thoirt dhan obair eadar-nàiseanta aca. Faodaidh buidhnean a tha stèidhichte ann an Alba cur a-steach airson maoineachadh gus taic a thoirt do dh'obair eadar-nàiseanta tron Mhaoin Fhosgailte agus tha maoineachadh sònraichte cuimsichte ri fhaotainn airson gnìomhan sònraichte.

A bharrachd air seo, tha Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do ghnìomhachd chultarail eadar-nàiseanta tro mhaoin nam Fèisean EXPO, a tha ag amas air cothroman taisbeanaidh a chruthachadh aig fèisean na h-Alba do luchd-ealain le comas às-mhalairt eadar-nàiseanta. Gu ruige seo, tha a' mhaoin seo air còrr is £31m de thaic a thoirt seachad.

Bidh Companaidhean Cleasachd Nàiseanta na h-Alba agus cruinneachaidhean uile a' dèanamh obair eadar-nàiseanta mar phàirt den phrìomh obair aca. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt maoineachadh dìreach do còig Companaidhean Cleasachd Nàiseanta gus taic a thoirt do na cuairtean eadar-nàiseanta aca.

Ceist 9: An d' fhuair thu taic bho roinn phoblach na h-Alba airson do chuid obrach eadar-nàiseanta, agus ma fhuair, de na tobraichean às an tàinig i?

- Fhuair
- Cha d' fhuair

Ceist 10: Dè a' bhuidh a bh' aig an taic seo air an obair agad?

Ceist 11: An d' fhuair thu taic sam bith eile airson do chuid obrach eadar-nàiseanta, agus ma fhuair, de na tobraichean às an tàinig i?

- Fhuair
- Cha d' fhuair

Ceist 12: A bheil an taic làithreach airson gnìomhachd cultarach eadar-nàiseanta iomchaidh? A bheil beàrn san ullachadh a thaobh fòcas?

- Tha

- Chan eil
- Chan eil mi cinnteach

Ceist 13: A bheil thu mothachail air eisimpleirean eadar-nàiseanta a dh'fhaodadh Alba leantainn gus taic a chumail ri gnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta?

6. Duilgheadasan làithreach

Tha cosgaisean a tha ag èirigh a' cur bacadh air comas roinn a' chultair faighinn seachad air buaidhean galair lèir-sgaoilte Covid-19. Tha an RA a' fàgail an AE a' cruthachadh ìre eile de dhùbhlán, gu sònraichte a thaobh obair eadar-nàiseanta. Ged is dòcha nach cuidich leasachadh gnìomhachd eadar-nàiseanta gu dìreach gus dèiligeadh ris na duilgheadasan a tha mu choinneimh na roinn sa bhad, dh'fhaodadh e a bhith na phàirt de dhòigh-obrach san fhad-ùine airson taic a chumail ri slànachadh, leasachadh san àm ri teachd agus ath-leumachd san àm ri teachd.

Ged a dh'adhbharaich galar lèir-sgaoilte Covid-19 troimhe-chèile agus gun robh e na chunnart mòr do mhòran bhuidhnean, thug e spionnadh do dhòighean ùra gus obair a thoirt do luchd-amais an dà chuid aig an taigh agus gu h-eadar-nàiseanta tro dhòighean didseatach. Tha sinn airson do beachdan a chluinntinn air mar a dh'fhaodadh gnìomhachd mar tighinn air adhart agus gu dè an ìre is gu bheil e na dhùbhlán no na chothrom.

Chan eil e soilleir fhathast a bheil sinn air an làn bhuidh fhaicinn air an roinn bho bhith a' fàgail an AE. Is dòcha gu bheil briseadh air obair, an dà chuid aig an taigh agus gu h-eadar-nàiseanta, leis a' ghalair lèir-sgaoilte agus leis cuideaman cosgaisean an-dràsta air a bhith a' falach buaidhean sònraichte sam bith a chaidh adhbharachadh le Brexit. Tha fios againn ge-tà gun deach tobraichean taic chudromach airson iomlaid agus co-obrachadh eadar-nàiseanta, gu sònraichte prògram Eòrpa Chruthachail an AE, a chall, agus nach eil cothrom gun bhacadh tuilleadh aig buidhnean cultarach na h-Alba air margaidh shingilte an AE airson tursan no gnìomhachd eile. Tha deireadh saor-ghluasaid dhaoine eadar an AE agus an RA cuideachd air bacadh a chur air comas proifeiseantaich cruthachail às an AE a bhith ag obair ann an Alba, rud a dh'fhaodadh a bhith a' toirt buaidh air comas na roinne na sgilean fhaighinn a tha a dhìth oirre. Bidh an ro-innleachd seo a' coimhead air dòighean anns an gabh aghaidh a chur air dùbhlain shònraichte a chaidh adhbharachadh le bhith a' fàgail an AE.

Tha àite cudromach aig roinn cultair na h-Alba ann an cliù na h-Alba mar nàisean adhartach. Ach, feumaidh sinn cuideachd aithneachadh nach robh a h-uile rud adhartach san àm a dh'fhalbh agus gu bheil ar n-eachdraidh a' gabhail a-steach ana-ceartas leithid malairt thar-Atlantaigeach nan tràilleann agus na chuir sinn ri blàthachadh na cruinne. Dh'fhaodadh na [molaidhean](#) aig buidheann-stiùiridh a' phròiseict nàiseanta [Ìmpireachd, Tràilleachd agus Taighean-tasgaidh na h-Alba](#) cothrom a thoirt do na taighean-tasgaidh againn atharrachadh eadar-nàiseanta a thoirt air adhart, a' sealltainn mar a chuireas sinn aghaidh air ar n-eachdraidh gu ciallach agus a' brosnachadh comann-sòisealta nas cothromaiche.

Mu dheireadh, feumaidh an ro-innleachd seo coimhead air buaidh air a' ghnàth-shìde agus na dòighean anns an urrainn do chom-pàirteachadh eadar-nàiseanta feum no cron a dhèanamh a thaobh a bhith a' ruigsinn cothromachadh carboin. Is urrainn do ghnìomhachd cultarach a bhith na dhòigh air dùbhlain mar sin a sgaoileadh agus a sgrùdadh, ach tha dùbhlain ann cuideachd a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachd eadar-nàiseanta air a dhèanamh ann an dòigh a tha cho seasmhach 's a ghabhas.

Ceist 14: Dè na dòighean san urrainn do ghnìomhachd eadar-nàiseanta cuideachadh gus dùbhlain làithreach a lasachadh? (m.e. Brexit, an galar lèir-sgaoilte, èiginn nan cosgaisean)

Ceist 15: An do dh'abharaidh a bhith fàgail an AE dùbhlain sònraichte sam bith dhan obair eadar-nàiseanta agad?

Ceist 16: Ma dh'adhbharaich, dè na dòighean sam b' urrainn dhan ro-innleachd seo feuchainn ri aghaidh a chur air na dùbhlain seo?

Ceist 17: A bheil thu air tòiseachadh air com-pàirteachadh eadar-nàiseanta ann an dòighean ùra, no a bheil dòigh sam bith ann sa bheil thu airson sin a dhèanamh?

- Tha, tha mi air tòiseachadh ann an obair eadar-nàiseanta ann an dòighean ùra.
- Chan eil, chan eil mi air tòiseachadh air obair eadar-nàiseanta ann an dòighean ùra, ach tha mi airson sin a dhèanamh san àm ri teachd.
- Chan eil, chan eil mi airson obair eadar-nàiseanta a dhèanamh ann an dòigh ùr.

Mìnich na thagh thu.

Ceist 18: Dè do bheachd air mar a b' urrainn dhan ro-innleachd seo dèiligeadh ris a' bhuidh aig gnìomhachdan eadar-nàiseanta air atharrachadh na gnàth-shìde.

Ceist 19: Ciamar a bu chòir dhan ro-innleachd seo a bhith a' toirt air adhart an amais a bhith a' toirt aghaidh air ana-ceartas eachdraidheil gu h-ìomchaidh?

7. Cruinn-eòlas

Tha [Frèama Cùisean Cruinneil](#) Riaghaltas na h-Alba a' cur an cèill dòigh-obrach stèidhichte air luachan airson conaltradh eadar-nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba. Tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha cultar do làthaireachd eadar-nàiseanta na h-Alba. Tha e cuideachd ag aithneachadh gu bheil àiteachan sònraichte ann air am bi fòcas aig prìomhachasan agus gnìomhachd eadar-nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.

Ged a dh'fhaodadh àiteachan sònraichte a bhith nan cinn-uidhe nas cudromaiche airson às-mhalairt chultarail na h-Alba na feadhainn eile, tha sinn ag aithneachadh gu bheil an roinn eadar-nàiseanta gu nàdarra agus gu bheil iomlaid eadar-nàiseanta ro-chudromach airson ùr-ghnàthachadh agus leasachadh cultarach. Is dòcha nach bi fòcas cruinn-eòlach stèidhichte air prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba ìomchaidh agus dh' fhaodadh sin bacadh a chur air a' bhuidh agus air a'

chomas a th' aig taobh den ro-innleachd a dh'fhaodadh fòcas a chur air iomlaid no às-mhalairt cultarach.

Ach, tha [lionra de dh'oifisean eadar-nàiseanta](#) aig Riaghaltas na h-Alba mar-thà agus dh'fhaodte gum bi barrachd chothroman ann gnìomhachd a dhèanamh fon ro-innleachd seo anns na dùthchannan sin air sgàth comais-libhrigidh agus lionraidhean sna dùthchannan sin mar-thà. Ged a tha gnìomhachd chultarail aig cridhe obair làithreach nan oifisean sin, dh'fhaodadh dòigh-obrach nas ro-innleachdail cothrom a thoirt seachad barrachd co-bhuannachd a bhith ann.

Ceist 20: A bheil àiteachan sònraichte ann a tha nas cudromaiche dhut fhèin, dhan bhuidhinn agad no dhan roinn nas fharsainghe na cuid eile? Ma tha, carson a tha iad gu sònraichte cudromach?

- Tha, tha cruinn-eòlasan sònraichte ann a tha nas cudromaiche dhomh
- Tha, tha cruinn-eòlasan sònraichte ann a tha nas cudromaiche dhan bhuidhinn agam
- Tha, tha cruinn-eòlasan sònraichte ann a tha nas cudromaiche dhan bhuidhinn agam
- Chan eil, chan eil cruinn-eòlasan sònraichte ann a tha nas cudromaiche
- Chan eil fhios agam

Ma fhreagair thu tha, dèan liosta de na cruinn-eòlasan as cudromaiche.

Ceist 21: A bheil thu a' smaoinichadh gum bu chòir dhan Ro-innleachd Chultar Eadar-nàiseanta prìomhachas a thoirt do dh'àiteachan sònraichte?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil mi cinnteach

Ma fhreagair thu "tha", mìnich carson a tha thu den bheachd gum bu chòir prìomhachas a thoirt do dh'àiteachan sònraichte.

8. Co-ionannachd

Tha an ro-innleachd na cothrom beachdachadh air na tha sinn airson faicinn a thaobh a bhith a' brosnachadh co-ionannachdan ann an gnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta. Dh'fhaodadh tèama dioplòmasach na ro-innleachd a bhith na chothrom gus luachan agus prionnsapalan Riaghaltas na h-Alba ath-aithris ann am Frèama Cùisean Cruinneil gus cur ri spèis agus tuigse do chòraichean daonna air feadh an t-saoghail, mar eisimpleir.

Ach, tha fòcas dachaigheil aig a' mhòr-chuid den dàta air againn agus chan eil mòran fiosrachaidh againn mu na seòrsaichean dhaoine a tha an sàs ann an gnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta agus cuine san dreuchd aca a tha iad an sàs ann an obair eadar-nàiseanta.

Tha an suirbhidh seo a' sireadh bheachdan bho luchd-ùidh agus bhon phoball air cùisean co-ionannachd sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann. Tha sinn a' coimhead air dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an ro-innleachd air feachdan dìonta a tha

air am mìneachadh fo Achd an Fhoghlaim 2010 (aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise). Tha sinn cuideachd a' coimhead air buaidhean air gnìomhachasan agus buaidhean a thaobh inbhe sòisio-eaconamach agus suidheachadh cruinn-eòlasach.

Thèid barrachd obair leasachaidh a dhèanamh air measaidhean buaidh aig an aon àm ri bhith a' sgrìobhadh na ro-innleachd. Ma tha thu airson a bhith an sàs sa phròiseas measaidh buaidh, cuir post-d gu InternationalCultureStrategy@gov.scot.

Ceist 22: A bheil taobhan de ghnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta a bheir buaidh eadar-dhealaichte air diofar bhuidhnean co-ionannachd? (nad fhreagairt smaoinich an dà chuid air buaidhean math is dona)

Ceist 23: Ma chomharraich thu droch bhuidh sam bith, dè do beachd air dè ghabhadh a dhèanamh san àm ri teachd gus feuchainn ri bacadh a chur air seo?

Ceist 24: A bheil beachd sam bith eile ann a bu mhath leibh a thoirt seacadh air an ro-innleachd gu h-iomlan aig an àm seo?



© Crown copyright 2023



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at www.gov.scot

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government
St Andrew's House
Edinburgh
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-510-9 (web only)

Published by The Scottish Government, February 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA
PPDAS1206162 (02/23)

W W W . g o v . s c o t